

## Achd nan Croitearan 1886

Ghabh an **riaghaltas** ri Achd nan Croitearan ann an 1886. Le seo cha b' urrainn **croitearan** a bhith air am **fuadach** tuilleadh agus fhuair na croitearan **còraichean** stèidhichte air **màl cothromach** – **còir seilbh** agus **còmhnaidh** air an fhearann agus còir còmhnaidh **mhaireannach**.

Ach, cha do rinn an **reachdas** ùr na **croitean** na bu phrothaidiche, agus cha do chruthaich e tuilleadh **chosnaidhean** ach bha **còir-gabhaltais**, **màl cothromach**, agus **cead còraichean** agus **leasachaidhean** a reic ann. Lean na **connspaidean** mu **fhearann** a-steach dhan 20mh linn agus bha daoine a' sìor fhàgail na sgìre. B' fheudar mòran **òigridh** am **fearann** fhàgail agus **bith-beò** na b' fheàrr a shireadh aig deas no air taobh thall nan cuantan.

